

DÈ TH'ANN AN SGILEAN CRUTHACHAIL?

Ceasnachail



Tha luchd-ionnsachaidh ceasnachail ann an dòigh adhartach agus `s urrainn dhaibh seo a dhearbhadh:

- Le bhith ceasnachail
- Ag aithneachadh pàtran agus caochlaidhean
- A' cleachdadh eòlas a bha aca roimhe
- A' dèanamh rannsachadh èifeachdach
- A' cruthachadh deagh cheistean

Inntinn fosgailte



Tha luchd-ionnsachaidh fosgailte do bheachdan ùra agus `s urrainn dhaibh seo a dhearbhadh:

- Tro bhith a' cleachdadh smaoinichadh taobhach
- Tro bhith a' cleachdadh smaoinichadh eadar-mheasgte
- Meòrachadh
- Tro bhith a' rannsachadh caochladh beachdan
- Tro bhith subailte, deònach atharrachadh agus a' dèiligeadh le mì-chinnt


Mac-meanmna



Tha luchd-ionnsachaidh comasach am mac-meanmna aca a chleachdadh agus `s urrainn dhaibh seo a dhearbhadh:

- Le bhith a' rannsachadh, a' tarraing ri chèile agus air caochladh roghainn
- A' cruthachadh agus a' cur gleans air beachdan
- A' tionnsgnadh

A' fuasgladh dhuilgheadasan



Tha luchd-ionnsachaidh comasach air aithneachadh a dhèanamh agus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan agus `s urrainn dhaibh seo a dhearbhadh:

- Tro bhith tuigseach agus tro bhith a' mìneachadh dhuilgheadasan.
- A' cumadh, a' libhrigeadh agus a' taisbeanadh fuasglaidhean
- A' nochdadh innleachdas, fèin-smachd, dìcheall agus sùbailteachd
- A' measadh buaidh agus soirbheachas nam fuasglaidhean

Bidh Luchd-ionnsachaidh Cruthachail



- Dealasach agus àrd-amasach gu cùisean a thoirt air adhart, a' gabhail a-steach an comasan fhèin
- Misneachail anns na beachdan aca fhèin
- Comasach air pròiseas cruthachail a chleachdadh ann an diofar shuidheachaidhean
- Comasach air a bhith a' stiùireadh chùisean agus ag obair còmhla ri daoin' eile.

■ **Rannsaich:** www.creativityportal.org.uk

■ **Fios gu:** Do Lìonra fhèin airson Ionnsachadh Chruthachail

■ **Leugh:** Aithisg Creativity Across Learning 3-18

■ **Gabh pàirt:** #creativity ann an Coimhearsnachd Ionnsachadh Proifeasanta GLOW

Tha taic air a thoirt do Phlana Cruthachail Nàiseanta na h-Alba le: Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Ionnsachadh Fad-bheatha Rùnaire a' Chaibineit airson Cultar agus Cùisean an Taobh a-muigh Ministear airson Ionnsachadh, Saidheans agus Cànain na h-Alba

